

Coinneamh: Bòrd-stiùiridh  
Ceann-là/Àm: 12 Màrt 2026 aig 09.30  
Càite: Cnoc Soilleir, Uibhist a Deas

## Geàrr-chunntas - Seisean Fosgailte

### 1. Cùisean Tòiseachaidh

#### 1.1. Fàilte is Leisgeulan

##### **Buill a' Bhùird an làthair:**

Màiri NicAonghais (Cathraiche) [MTNA]

Seonaidh Charity [SC]

John Neil Dòmhnallach [JND]

Raibeart Dunbar [RD]

Dòmhnall K Mac a' Phì [DKM]

Robert MacFhionghain [RMF]

##### **A' Frithealadh:**

Ealasaid Dhòmhnallach, Ceannard / Oifigear Cunntachail [ED]

Iain Mac a' Mhaoilein, Stiùiriche Leasachaidh [IMM]

Calum Rothach, Ceannard Foghlaim is Phlanaichean [CR]

Nicola Pearson, Ceann an Ionmhais is Cùisean Corporra [NP]

##### **Geàrr-chunntas:**

Jamie MacGillEathain, Co-òrdanaiche Corporra [JMG]

##### **Leisgeulan:**

Michelle NicLeòid [MNL]

Stewart MacLeòid [SML]

Chuir an Cathraiche fàilte air Buill agus an fheadhainn a bha an làthair. Chuir an Cathraiche fàilte air RD a bhios a' gabhail dreuchd a' Chathraiche air a' Bhòrd agus air RMF a chaidh a dhèanamh na bhall.

#### 1.2. A' Nochdadh Com-pàirtean

SC – Foghlam Alba, CLAS.

DKM – Comunn na Gàidhlig

RD – Tobar an Dualchais, Ionad Gàidhlig Dhùn Èideann, Oilthigh Dhùn Èideann

JND – Ceòlas

RMF – Ceòlas

#### 1.3. Gnothaich Iomchaidh Sam Bith Eile (GISBE)

Cha robh gin ann.

### 2. Ionmhas

#### 2.1. Aithisg Ionmhais

Thug NP geàrr-iomradh air an aithisg.

Chaidh a shoillseachadh gu bheil làn caitheimh air a' Bhuidseat Leasachaidh agus tha caitheamh nas ìseal ann an cosgaisean obrachaidh. Bidh ìre ìseal de bhuidseat a' leantainn chun na h-ath bhliadhna ionmhais.

Chaidh a thogail gum bi ionmhas aig an aon ìre ri 2025/26 ach thathas a' feitheamh air litir Tabhartas-gus-Cuideachadh bho Riaghaltas na h-Alba airson na riathanasan caitheimh a shoilleireachadh. Tha dùil ris an litir air an t-seachdain a' tòiseachadh 16 am Màrt 2026.

#### Co-dhùnadh

Thug na Buill fa-near dhan aithisg ionmhais.

### **2.2. Buidseat na Bliadhna & Plana Ionmhas Meadhan-teirm**

Thug NP geàrr-iomradh air Buidseat na Bliadhna agus Plana Ionmhas Meadhan-teirm.

Chaidh a thogail gum bi am buidseat air a chumail aig an aon ìre ri 2025/26 agus nach bi fo-chaitheamh ann an 2026/27 leis gu bheil dreuchdan bàna air an lìonadh.

#### Co-dhùnadh:

Dh'aontaich na Buill ri Buidseat na Bliadhna agus ri Plana Ionmhas Meadhan-teirm.

## **3. Cùisean Corporra**

### **3.1. Conaltradh le Luchd-ùidh**

Thug ED geàrr-iomradh air conaltradh le luchd-ùidh.

Chaidh a thogail mun cho-obrachadh a tha a' tachairt ri Oifigearan Riaghaltas na h-Alba agus gu bheil Bòrd na Gàidhlig air comhairle a thoirt dhan Riaghaltas mu Sgìrean Cànain Sònraichte. Tha dùil ri stiùireadh air Sgìrean Cànain Sònraichte mus tòisich àm an taghaidh. Chaidh a shoillseachadh nach fhaic Bòrd na Gàidhlig an stiùireadh mus tèid fhoillseachadh.

Chuir ED agus RD taic ri Ath-sgrùdadh Cairt a' BhBC agus cuiridh ED litir gu Lisa Nandy, Rùnaire Stàit na Rìoghachd Aonaichte dha Cultar, na Meadhanan agus Spòrs ag iarraidh coinneamh.

Thog NP gu bheil Maraid Design air soirbheachadh sa phròiseas tairgse airson làrach-lìn ùr Bhòrd na Gàidhlig a dhealbhadh.

Chaidh ainmeachadh gun robh Astar Media ga fhasadh gus sgrùdadh a dhèanamh air roghainnean airson soirbheachas a chomharrachadh.

Bha ceist ga togail air co-obrachadh ris an Riaghaltas agus na h-inbhean a bhios an cois Sgìrean Cànain Sònraichte. Thog ED gu bheil an Riaghaltas air a bhith a' co-obrachadh ri Bòrd na Gàidhlig. Mhol Bòrd na Gàidhlig gum bu chòir buidheann-obrach air inbhean a stèidheachadh, agus thathar an dòchas gun tèid seo a thoirt air adhart agus gum bi Bòrd na Gàidhlig aig cridhe a lìbhrigeadh. Tha ceist ann fhathast air an ìre ionmhais a thig mu choinneimh nan Sgìrean Cànain Sònraichte.

Chaidh deasbad a chumail mu fheum air atharrachadh air modail conaltraidh leis na h-ùghdarrasan ionadail far am bi Sgìrean Cànain Sònraichte. Chaidh a thoirt fa-near gum bi an

stiùireadh airson Sgìrean Cànan Sònraichte agus na h-inbhean a' toirt buaidh air na dàimhean.

Co-dhùnadh:

Thèid fiosrachadh às ùr a sgaoileadh chun nam Ball.

Thug Buill fa-near don phàipear.

Iarraidh an Ceannard coinneamh le Rùnaire Stàit na Rìoghachd Aonaichte dha Cultar, na Meadhanan agus Spòrs. [GNÌOMH ED]

Sgaoilidh IMM gu Buill fiosrachadh a chuir oifigearan CnES air adhart mu Sgìrean Cànan Sònraichte. [GNÌOMH – IMM]

#### **4. Plana Corporra is Coileanadh**

##### **4.1. Aithisg air PCC an 25/26**

Thug IMM geàrr-iomradh air an aithisg air PCCan 2025/26.

Chaidh adhartas ann an neartachadh co-obrachadh eadar Bòrd na Gàidhlig agus Sabhal Mòr Ostaig aithneachadh. Bhathas a' togail air an atharrachadh ann an dòigh-obrach anns na h-iarrtasan aca agus gun robh daingneachadh air a thoirt seachad gu bheil Bòrd na Gàidhlig ann gus taic a chur ri buidhnean an sàs ann an leasachadh na Gàidhlig.

San dà bhliadhna air thoiseach bidh aig Bòrd na Gàidhlig ri fianais air adhartas a thaisbeanadh agus comhairle a thoirt do Riaghaltas na h-Alba a thaobh ro-innleachd.

Co-dhùnadh:

Chaidh deasbad a chumail air brìgh na h-aithisge agus puingean co-cheangailte.

##### **4.2. Foghlam & Ionnsachadh**

Thug CR geàrr-iomradh air na pàipearan air Foghlam Àrd-sgoile tro Mheadhan na Gàidhlig agus air Cearcall Leasachadh a' Churraicealaim.

Chaidh a thogail gu bheil an rannsachadh seo air foghlam tro mheadhan na Gàidhlig san àrd-sgoil air fianais a thrusadh air na trioblaidean a tha ann am foghlam aig an ìre seo ach nach robh fuasglaidhean air an taisbeanadh.

Bhathas a' togail gun robh am fiosrachadh seo feumail agus air dearbhadh nan trioblaidean a tha ann agus, le rannsachadh a bharrachd air fhoillseachadh le HMle agus Foghlam Alba gun cuirear ri daingneachadh dleastanasan nam buidhnean. Bidh Sgìrean Cànan Sònraichte agus Achd nan Cànanan Albannach air prìomh dhleastanasan Bhòrd na Gàidhlig a dhèanamh nas soilleire ann an com-pàirteachas ri buidhnean agus a' toirt comhairle dhan Mhinistear.

Chaidh aithneachadh gum bi soilleireachadh ann nuair a bhios stiùireadh mu na Sgìrean Cànan Sònraichte air fhoillseachadh agus gum bi conaltradh gu math luath a' tighinn bho Bhòrd na Gàidhlig chun nam buidhnean. Bha MTNA a' cur ris an sin gum bi clàran-ama gu math freagarrach oir tha atharrachaidhean a' toirt ùine.

Bidh pàipear a' tighinn chun a' Bhùird san Dàmhair 2026 le beachdan is gnìomhan bhon aithisg rannsachaidh agus bidh fiosrachadh às ùr ga thaisbeanadh san Ògmhios 2026 aig Coinneamh a' Bhùird.

Co-dhùnadh:

Bidh pàipear le beachdan is gnìomhan bhon aithisg rannsachaidh ri tighinn gu Coinneamh a' Bhùird san Dàmhair 2026 [**Gnìomh – CR**].

Bidh seisean fiosrachaidh air a chur air doigh do Bhuill le oifigearan Foghlam Alba [**Gnìomh – CR**].

Thug na Buill fa-near dha na pàipearan.

**5. Rianachd Mhì-chinntean**

**5.1. Clàr mhì-chinntean Ro-innleachdail**

Thug NP geàrr-iomradh air Clàr Mhì-chinntean Ro-innleachdail.

Chaidh aithneachadh gum bi stiùireadh air Sgìrean Cànain Sònraichte a' toirt buaidh air a' chlàr agus nach eil dearbhadh ann air na cumhaichean sònraichte a bhios san litir Tabhartas-gus-Cuideachadh.

Co-dhùnadh:

Dh'aontaich na Buill ris a' Chlàr Mhì-chinntean Ro-innleachdail.

**6. Èifeachdas is Trèanadh a' Bhùird-stiùiridh**

**6.1. Èifeachdas is Trèanadh a' Bhùird-stiùiridh**

Thug ED geàrr-iomradh air èifeachdas agus trèanadh a' Bhùird-stiùiridh mar chùis leantainnich agus gu bheil OnBoard a' dèanamh lèirmheas air seo.

Co-dhùnadh:

Thug na Buill fa-near don fhiosrachadh.

**7. Plana Obrach a' Bhùird-stiùiridh**

**7.1. Plana Obrach a' Bhùird-stiùiridh**

Chaidh plana-obrach a sgaoileadh dha na Buill.

Co-dhùnadh:

Dh'aontaich na Buill ris a' phlana obrach.

**8. GISBE**

Cha robh gin ann.

Ceann-là na h-ath choinneimh: 25 Ògmhios 2026

Chaidh a' choinneamh a dhùnadh aig 10:45m.

**Deireadh an t-Seisein Fhosgailte**